



**Taighean-tasgaidh  
Nàiseanta Alba  
National Museums Scotland**

## Lèirmheas 2013

### **Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba**

Tha sinn a' coimhead às dèidh chruinneachaidhean de thasgaidhean a tha cudromach aig iùre nàiseanta agus eadar-nàiseanta; agus gan taisbeanadh agus eadar-mhìneachadh airson farsaingeachd mhòr dhaoine.

An cois an stòrais mhòir thasgaidhean seo lorgas nithean bho arc-eòlas an t-saoghal agus na h-Alba gu ealain agus delibh ghniomhach, bho chultaran an t-saoghal is eachdraidh shòisealta gu saidheans, teicneòlas agus saoghal an nàdair.

Tha sinn ag obair le taighean-tasgaidh agus coimhairsnachdan bho air feadh Alba agus nas fhaise air falbh, a' tarraing aire farsaingeachd dhaoine chun nan cruinneachaidhean againn, tro chom-pàirteachasan, rannsachadh, taisbeanaidhean air tursan, conaltradh leis a' choimhairsnachd, prògraman didseatach agus iasadran.

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dùthchail

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich

Taigh-tasgaidh Cogaidh Nàiseanta na h-Alba

Ionad Cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta

## Turas Brosnachail

Tha sinn air an t-uabhas a dhèanamh thar nam beagan bhliadhnachan a dh'aom – le leasachadh mòr ga dhèanamh air Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, conaltradh ùr-ghnàthaichte le luchd-tadhail agus dòighean-obrach ùra nar n-obair nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Tha sinn airson is gun tèid barrachd a choileanadh; a' togail air an obair seo agus a' cumail oirnn nar n-adhartas.

Tha sinn moiteil dha-rìribh às ar n-obair leasachaiddh air Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba ùr, aig a bheil cliù a-nise mar aon de na taighean-tasgaidh as fheàrr san t-saoghal. Tha còrr is ceithir millean duine air tadhail air an taigh-thasgaidh thar an dà bhliadh'n' a dh'fhalbh. A' togail air seo, tha sinn a' sùileachadh ri leasachadh air gach aon de na ceithir taighean-tasgaidh againn, le cothroman mòra, cruth-atharrachail romhainn, agus sinn a' coimhead ri dòighean ùra air na cruinneachaidhean againn fhosgladh an-àirde gu daoine air feadh na h-Alba agus air feadh an t-saoghal.

Tha leasachaidhean mòra a' dol air adhart aig deagh astar, agus sinn air tòiseachadh air trì pròiseactan mòra calpa le taic-airgid bho Riaghaltas na h-Alba agus bho Mhaoin Dualchais a' Chrannchair Nàiseanta. Anns an ath-cheum de ar Plana Mhòr aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba nì sinn taisbeanadh air na cruinneachaidhean de Shaidheans is Teicneòlas agus Ealain is Deilbh; cruinneachaidhean aig a bheil cudrom eadar-nàiseanta. Aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich, nì sinn obair-ùrachaidh air na hangaran bhon Darna Chogadh; a' cruthachadh àrainneachd taisbeanaidh ghleansach ùr airson nan cruinneachaidhean mòra itealaich againn. Tha sinn cuideachd an sàs ann an obair ghlèidhidh nan cruinneachaidhean tron ionad Chruinneachaidh nan Taigh-tasgaidh le goireasan ùra airson stòradh ann.

Tha e air a bhith na h-eileamaid cudromach de ar soirbheas gu bheil sinn a' cruthachadh thaisbeanaidhean ùra dha luchd-tadhail, leithid an taisbeanadh cliùiteach *Mary, Queen of Scots*. Thug e toileachas mòr dhuinn failte a chur air an 2.5 millean a thadhail air na taighean-tasgaidh againn agus an 1.45 millean a thàinig a thadhail air an làraich-lìn againn ann an 2012-13.

Mar thoradh air a' chrònadh san eaconamaidh, tha air a bhith againn ri co-dhùnaidhean duilich a ruigsinn a thaobh nan seirbheisean a tha sinn a' tabhainn. Mar a thachair le iomadh buidheann eile sa roinn phoblaich ann am Breatainn, chunnaic sinn lughdachadh air a' mhaoineachadh a tha sinn a' faighinn, lùghdachadh a thug oirnn an co-dhùnadhbh duilich a ruighinn Taigh-tasgaidh Nàiseanta Èididh (faisg air Dùn Phris) a dhùnadhbh. Tha sinn a-nise a' tabhainn sheirbheisean ùra 'outreach' ann an Dùn Phris agus Gall-Ghàidhealaibh cho math ri ruigsinneachd nas fharsaing a bhith ann a thaobh air cruinneachaidhean fasain, le eisimpleirean dhe na cruinneachaidhean ri thailcinn san aithisg seo.

Tha mòran dhe na tha sinn air a thoirt gu buil nan toraidhean air conaltradh agus co-obrachadh le buidhnean eile agus tha fianais air seo ag èirigh às an obair sa bheil sinn an sàs gu nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Tha ar n-iasadan agus prògraman rannsachaiddh a' nochdadh neart ar cruinneachaidhean agus a' tarraing aire gu buaidh agus cudrom na h-Alba san t-saoghal. Tha sinn cuideachd a' toirt seachad taic ro-innleachdail, eòlas agus rannsachadh dha coimhearsnachd nan taighean-tasgaidh air feadh Alba; a' coileanadh farsaingeachd bhuilean anns gach sgìre de na 32

ùghdarrasan ionadail agus tro chom-pàirtean aig ìre ro-innleachdail.

Tha sinn air ar dòigh gu bheil ar lèirsinn a thaobh ar taighean-tasgadh agus cruinneachaidhean fhathast a' tarraing an uiread de thaic. Eadar tabhartasan mòra taic-airgid, taic bho chom-pàirtean, goistidheachd agus na tha sinn a' faighinn bho dhaoine fa leth agus de thaic bho dhaoine a tha ag obair gu saor-thoileach - mura biodh an taic seo, cha bhiodh an comas no an cothrom againn na pròiseactan sa bheil sinn an sàs a libhrigeadh. Tha sinn a' toirt taing mhòr don fheadhainn a tha air taic a thoirt dhuinn agus tha sinn an dòchas gum fan iad còmhla rinn nar n-adhartas.

Bruce Minto, Cathraiche  
An Dr Gòrdan Rintoul CBE, Stiùiriche

## A' Tàladh Aire

Tha sinn a' tarraing aire diofar sheòrsaichean daoine, ag innse sgeulachdan ar cruinneachaidhean tro thaisbeanaidhean a tha a' glacadh an inntinn; tro fior dheagh làithean a-muigh, tro na meadhanan didseatach agus tro ionnsachadh aig gach aois.

Bha sinn air leth toilichte fàilte a chur air an 2.5 millean a thadhail air na taighean-tasgaidh againn ann an 2012-13 a dh'fhaicinn na diofar chruinneachaidhean againn agus ar prògram de thachartasan is thaisbeanaidhean a tha a' ruith fad na bliadhna. Thàinig cuideachd 1.45 millean chun na làraich-lìn againn.

Tro thaisbeanaidhean mòra, eadar-nàiseanta, tha sinn a' toirt thasgaidhean cultarail bho air feadh an t-saoghail a dh'Alba; tasgaidhean a tha nan cuideachadh ann a bhith ag innse nan sgeulachdan mòra sna cruinneachaidhean againn. As t-samhradh 2012, chuireadh taisbeanadh air dòigh air an robh *Catherine the Great: An Enlightened Empress*, ann an com-pàirt le Taigh-tasgaidh Dìthreibh na Staide ann an St Petersburg; a' dèligeadh ri aon de na priomh riaghlairean san t-saoghal a-riamh leis a' chruinneachadh as mothà de thasgaidhean Ruiseanach a chunnacas ann am Breatainn. As t-samhradh am bliadhna, chaidh aire còrr is 60,000 neach a ghlacadh leis an taisbeanadh *Mary, Queen of Scots*; taisbeanadh a thog dealbh mionaideach, beartach air aon de na figearan as ainmeil ann an eachdraidh na h-Alba. Ged nach do shiubhail an taisbeanadh air falbh o Dhùn Èideann, thug e a-steach nithean air iasad bho chruinneachaidhean ann am Breatainn agus bho dhùthchannan eile a chruthachadh an taisbeanadh as mothà a rinneadh a-riamh mu deidhinn. Cha b' urrainn do na taisbeanaidhean seo a dhol air adhart as aonais na taice mòire, fialaidh a fhuaireas bho Baillie Gifford Investment Managers. Fhuair an dà thaisbeanadh seo moladh mòr bhon leithid an lèirmheas a nochd sa phàipear-naidheachd *The Independent* mun taisbeanadh *Mary, Queen of Scots*: "longantach...nan b' urrainn do thaisbeanaidhean an duais Booker a fhaighinn, bhuannaicheadh seo i."

Tha taisbeanaidhean a' toirt dhuinn a' chothruim aire farsaingeachd dhaoine a tharraing bho chuspairean leithid *Amazing Amber* aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba gu *Arctic Convoys* aig an Taigh-tasgaidh Cogaidh Nàiseanta. Thàinig còrr is 53,000 chun an taisbeanaidh *Vikings!* air iasad bho Thaigh-tasgaidh Eachdraidh na Suaine, leis a' gheàma Sgoil Thrèanaidh nan Lochlannach, geàma ceangailte air-loidhne dha sgoilearan bun-sgoile, ga chluich còrr is 30,000 tursan.

Tha ar prògraman ionnsachadh air an dealbhachadh a dh'aona-ghnothach gu bhith nan goireasan brosnachail, tlachdmhor rannsachaidh – ghabh còrr agus 216,000 duine pàirt annta ann an 2012-13. Chuir sinn tachartasan air dòigh ann an com-pàirt leis Fèisean Dùn Èideann gu lèir aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Tharraing an iomhaigh shnайдte de bhalùn 'Pisces' le Jason Hackenwerth à New York 50,000 neach chun nan tachartasan mar phàirt de phrògram de dh'Fhèis Eadar-nàiseanta Shaidheans Dhùn Èideann. Airson Fèis Ealain Dùn Èideann thug sinn a-mach an coimisean *The Library*, pròiseact ùr a chruthachadh mar thoradh air na tasgaidhean geòlais aig an tè llana Halperin, a tha stèidhte ann an Glaschu, a' chiad neach a-riamh a fhuair taic tro Chaidreabh Luchd-ealain maoinichte le Alba Chruthachail.

Bha cuideachd còrr agus fichead là de thachartasan mòra air feadh ar taighean-tasgaidh, a thug a-steach còrr is 70,000. Am measg na chuireadh air dòigh bha an Taisbeanadh-adhair aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich le 12,000 neach-

tadhail, agus sreath de thachartasan aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dùthchail; agus cuid aca le ceangal gu Bliadhna Nàdair na h-Alba air an do thadhail 6,000 neach.

Tha na com-pàirteachasan cruthachail air aire dhaoine ùra, cho math ri cliù, a ghlacadh. Tha na Museum Lates, tachartasan ùr-ghnàthaichte a tha a' gabhail àite às dèidh uairean fosglaidh an taigh-thasgaidh, le taic bho Bhanca Rìoghail na h-Alba, air 12,000 duine òga a thoirt a-steach agus Duais Goistidheachd Ealain is Gniomhachais agus Duais Tachartais Alba a bhuanachadh. Chruthaich sinn am Museum Explorer app airson na h-iPhone, mar ghoireas ùr airson a dhol timcheall thasgaidhean Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus conaltradh a dhèanamh mun deidhinn. Tha an app Capture the Museum, geama sgioba stèidhete ann an gailearaidhean an taigh-thasgaidh air cliù a choisinn ri linn cho innleachdach, ùr-ghnàthaichte sa tha e.

## A' leasachadh ar seirbheisean

Tro iasad an pròiseactan outreach agus sianalan didseatach, tha na cruinneachaidhean againn a' toirt brosnachadh do bharrachd is barrachd dhaoine. Tha sinn a' cumail taic do thaighean-tasgaidh agus làraichean eile a chum aire dhaoine ùra a tharraing.

Chuir sinn priomhachas air dòighean ùr-ghnathaichte air ceanglaichean a steidheachadh le muinntir na h-Alba nar prògraman libhrigidh poblach is nàiseanta thar 2012-13. Chuireadh Rock the Lab air dòigh ann an com-pàirt le Fèis Shaidheans Eadar-nàiseanta Dhùn Èidean le taic-airgid bhon phrògram Talking Science aig Riaghaltas na h-Alba. Bha an iomairt seo ag amais air daoine òga nach àbhaist a bhith air an tarraing gu saidheans, le sgioba 'science busking' a' dol timcheall fhèisean ciùil bho Dhùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh chun na Gàidhealtachd, a' ruigsinn 2,000 neach agus le 30,000 luchd-leantainn didseatach.

Tha daoine òga air feadh Alba a' cur an taisbeanaidhean fhèin air dòigh agus iad air am brosnachadh tron phrògram òigridh Scotland Creates: A Sense of Place. Le taic bho Urras Esmée Fairbairn agus Alba Chruthachail, tha sinn air a bhith ag obair le Ballet na h-Alba, Live Music Now and taighean-tasgaidh ann an Grianaig, Dùn Dè, Siòrrachd Àir an Ear agus sna h-Eileanan Siar.

Tha còrr agus 1,700 sgoilearan bun-sgoile bho air feadh Alba air rannsachadh a dhèanamh air na Lochlannaich tro seiseanan piolait soirbheachadh air GLOW TV aig Foghlam na h-Alba; a chraoladh beò bhon taigh-thasgaidh chun nan seòmraichean-sgoile tro eadra-lion sgoiltean na h-Alba. B' urrainn do sgoilearan fior thasgaidhean fhaicinn agus ceistean a chur air na h-eòlaichean. Tha Museum2Go na goireas ionnsachaiddh dha tidsearan is sgoilearan air a chruthachadh le taic-airgid bho Urras MhicDhonnchaiddh agus Maoin Mickel a tha a' dùnamh sìneadh air a' phrògram de 50,000 tadhail sgoile air ar taighean-tasgaidh.

Tha an goireas ùr outreach ag amais air teaghlaichean le clann fo aois còig ann an roinnean nach àbhaist a thighinn chun an taigh-thasgaidh. Tha seo a' togail air ar prògram sgeulachdan Magic Carpet aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Tha an goireas Magic Carpet a-nise ga leigeil a-mach air iasad do sgoiltean àraich agus buidhnean teaghlaich ann an Dùn Èideann agus Lòdainn, agus e air pròiseact dhe sheòrsa a bhrosnachadh ann an Raplach, Sruighlea.

Tha prògram nàiseanta an taigh-thasgaidh a' sealltainn dè direach is urrainn do taighean-tasgaidh nàiseanta agus ionadail a dhèanamh ma dh'obracheas iad còmhla. Tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba gus Taigh-tasgaidh Bhreatainn a' cur taic ris an obair-leasachaiddh aig Caisteal Steòrnabhagh ann an Leòdhas. Bheiridh am pròiseact com-pàirt seo cothrom do mhuinnitir Leòdhais agus do luchd-turais tasgaidhean aig a bheil cudrom eadar-nàiseanta leithid Fir-thàilisg Leòdhais fhaicinn.

Le tasgaidhean a' falbh iar iasad do bharrachd ionadan ionadail tha seo a' ciallachadh gun urrainn do bharrachd Albannach a-nise a dhol a dh'faicinn tasgaidhean nan cruinneachaidhean againn. Am measg nan nithean seo, tha measgachadh de dh'ulaidhean airgid a thugadh seachad air iasad do Ghailearaidh Ealain Obar Dheathain airson *Silver – The Aberdeen Story* agus nithean pearsanta a bhuineadh do Sir Walter

Scott airson taisbeanadh san ionad-tadhail ùr aig Abbotsford, na dhachaigh sna Criochan.

Tha sinn a' ruith na Maoin Nàiseanta airson Ceannach; sgeama aig Riaghaltas na h-Alba a tha a' cuideachadh thaighean-tasgaidh, ghailearaidhean, thasglannan agus leabharlainn sgìreil gus nithean ùra a cheannach. Ann an 2012-13, thugadh seachad 81 tabhartasan airgid gu 33 buidhnean gan cuideachadh ann an bhith a' ceannach thasgaidhean luach beagan nas lugha na £500,000. Mar eisimpleir, cheannaich Urras Dualchais Dhùn Dè agus Cultar Dhùn Dè nithean a bhuineadh do thuras Antartic Chaiptein Scott.

## A' Cosg a chum Seasmhachd

Tha sinn daonnan a' cosg airgid nar taighean-tasgaidh is prògraman a chum na tasgaidhean againn a roinn am measg a' mhòr-shluagh ann an dòighean ùra agus gus na Cruinneachaidhean Nàiseanta a ghlèidheil airson nan ginealaichean ri teachd. Tha sinn air tòiseachadh trì prògraman mòra calpa.

Tha Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich na dhachaigh do ar cruinneachadh de thasgaidhean itealaich, aon de na cruinneachaidhean as cudromaich san Roinn Eòropa. Anns a' chruinneachadh, lorgas aon de na dhà phléana-boma Vulcan air fhàgail a chaidh chleachdadh aig àm cogaidh, eisimpleir de Bristol Beaufighter (nach lorgas ach glè ainneimh), agus a' chiad Concorde a dh'itealaich às leth British Airways. Tha iad seo air an taisbeanadh ann an hangaran bho na 1940an, pàirt den East Fortune Airfield Scheduled Monument. Thèid obair leasachaiddh luach £3.6m a dhèanamh air dà dhe na hanagaran seo thairis air na bliadhnaagan ri teachd, a' gabhail a-steach ionadan taisbeanaidh ùra, beòthail.

Tha Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba air cliù mòr a choisinn bhon a rinneadh obair leasachaiddh luach £47m air, agus e fhathast a' tàladh mòran thuige, agus tha dùil againn togail air seo. Tha plana mòr àrd-amasach againn airson na làraich a tha a' toirt dhuinne a' chothruim cruinneachaidhean air leth a lorg agus a thaisbeanadh às ùr. Ann an 2011, rinn sinn taisbeanadh air míltean de thasgaidhean bho shaoghal an nàdair agus bho chultaran an t-saoghail nach fhacas roimhe, ach tha cruinneachaidhean eile againn a bhiodh ceart cho tarraigeach le cudrom eadar-nàiseanta. Anns an ath-cheum nì sinn taisbeanadh air na cruinneachaidhean Ealain is Deilbh agus Saidheans is Teicneòlas, le deich gailearaidhean ùra gan cruthachadh tro £13m de dh'airgead poblach agus prìobhaideach. Mar eisimpleirean air na thèid a thaisbeanadh sna cruinneachaidhean seo, chìthean seata teatha mòrbhaileach a rinneadh dhan Ìmpire Napoleon a' comharrachadh a phòsaidh leis an Árd-Bhan-Diùc Marie Louise às An Ostaire ann an 1810 agus an Duais Nobel de bhonn òir a thugadh seachad do Sir James Black airson mar a rinn e lorg air na cungaidhean-leighis airson neasgaidean agus air beta blockers.

That has air tòiseachadh a' togail airgid airson nam pròiseactan aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich, le cnapan mòra air an gealtainn mar-thà le Maoin Dualchais a' Chrannchair Nàiseanta agus bhon roinn phriobhaidh.

Cuideachd, tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail taic ri obair leasachaiddh Thaigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich. Ma that has a' sìreadh barrachd fiosrachadh, cuir fios chun Sgioba Leasachaiddh air 0131 247 4095 no aig development@nms.ac.uk.

Air cùl a' chìurteir, tha sinn cuideachd a' coileanadh ar n-àrd-amasan fad-ùineach a chum nar cruinneachaidhean stòraidh a thoirt còmhla aig an aon làraich: Ionad Cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta. Le taic bho Riaghaltas na h-Alba, tha tasgaidhean gan toirt às ionadan-stòraidh nach eil freagarrach agus gan cur gu ionad ùr, ùr-ghnàthaichte aig an làraich air ceann a tuath Dhùn Eideann. A' coimhead air adhart ri deireadh na h-ìre seo ann an 2015, is e ar n-amas ach leasachadh a thoirt air an dòigh sa bheileas a' cumail nan Cruinneachaidhean Nàiseanta agus leasachadh mar an ceudna a thoirt air ruigsinneachd a thaobh rannsachaidh, glèidheidh agus ionnsachaidh.

Fhad sa tha na leasachaidhean seo a' dol air adhart, cruthaichidh sinn Planaichean Leasachaidh ùra airson na dà thaigh-thasgaidh eile: Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dùthchail faisg air Cille Bharaghde an Ear agus Taigh-tasgaidh Cogaidh Nàiseanta aig Caisteal Dhùn Èideann.

Tha barrachd is barrachd dhe na meadhanan didseatach gan cleachdad leinn mar ghoireasan dha daoine a' tadhail air na làraichean againn agus dha daoine aig nach eil comas a thighinn chun nan làraichean fhèin. Le planaichean againn airson làrach-lìn ùr an 2013-14, tha sinn a' cosg airgid air leasachadh ar teicneòlais agus bho thaobh an neach-cleachdaidh. Tha sreath de phròiseactan a' cur barrachd chruinneachaidhean air-loidhne, leithid a' cur a' chruinneachaidh de chotan liosairte Red Turkey – cruinneachadh de 500 dealbh – ann an cruth didseatach ann an co-bhuinn le Oilthigh Dhùn Èideann agus le taic-airgid bho Chomann Rìoghail Dhùn Èideann agus bho Riaghaltas na h-Alba.

## Air àrd-ùrlar an t-saoghal

Air ar brosnachadh le cruinneachaidhean le cudrom eadar-nàiseanta, tha ar n-obair le buaidh air dùthchannan eile a bharrachd air Alba. Tha ar n-obair chom-pàirteil a' leigeil dhuinn fiosrachadh a roinn, ionnsachadh bho dhaoine eile agus ar tasgaidhean a thaisbeanadh do fharsaingeachd mhòr dhaoine.

Tha na tachartasan thar 2013 a' comharrachadh 200 bliadhna bhon rugadh fear rannsachaidh cho ainmeil a riamh ann an Alba, Dàibhidh MacDhunlèibhe, air pròiseact ùr a thoirt gu bith a tha a' taisbeanadh agus a' leasachadh ar cruinneachaidhean agus a' cumail taic ri taighean-tasgaidh ann an Afraga. Tha pròiseact 18-mìosan, ga mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba, air prògram leasachaidh sgilean a libhrigeadh dha luchd-obrach thraighean-tasgaidh agus airson taisbeanadh ùr aig Taigh-tasgaidh Chichiri, Baile an t-Saoir, Malawi. Tha seo a' leantainn air ar taisbeanadh Dhàibhidh MhicDhunlèibhe fhèin aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, taisbeanadh air an do thadhail 30,000 neach.

Tha ar co-obrachadh le Taigh-tasgaidh Malawi a' toirt soilleireachd do ar dòigh obrach a thaobh chom-pàirtean ro-innleachdach eadar-nàiseanta ann an sgìrean far a bheil sinn le ceanglaichean làidir chruinneachaidhean, dòigh-obrach air a sheatadh a-mach nar Ro-Innleachd Eadar-nàiseanta ùr.

Le a bhith a' leigeil thasgaidhean a-mach air mìl tha sinn a' daingneachadh cheanglaichean le daoine nach fhaigh chun nan taighean-tasgaidh againn. Tha sinn air tasgaidhean cudromach a leigeil a-mach air iasad gu àiteachan leithid Taigh-tasgaidh Nàiseanta Lùchairt, Taiwan, airson an taisbeanaidh aca air ealain agus cultair na h-Uachdaranachd Deireannaich Shang, agus chun Museé National de la Marine, Paris, airson an taisbeanaidh air taighean-solais. Am measg nan iasadan taobh a-staigh Bhreatainn, tha sinn air bann-muineil iarainn bana-bhuidsich agus tasgaidhean eile co-cheangailte ri buidseachd a leigeil a-mach chun an taisbeanaidh *Shakespeare: Staging the World* aig Taigh-tasgaidh Bhreatainn, cho math ri 20 tasgadh òir, fainne-amhaich òir bho Linn an larainn nam measg, chun taisbeanaidh *The Glory of Gold* aig a' Chompanaidh Goldsmiths, Lunnainn, a' comharrachadh lubailì Daoimein na Banrigh agus na Geamannan Oilimpigeach ann an Lunnainn ann an 2012.

Mar a tha cliù an Taigh-thasgaidh Nàiseanta a' fàs, 's ann a tha sinn a' cur fàilte air barrachd luchd-tadhail seòltach agus bho thraighean-tasgaidh eile. Ann an 2012-13 chuir sinn fàilte air luchd-tadhail bho air feadh na Roinn Eòropa, Brasil, Siona, Japan, An Ruis, na h-Innseachan, Afraga agus Taiwan. Tha sinn an sàs ann a bhith a' libhrigeadh prògram de thaisbeanaidhean aig co-labhairtean air feadh an t-saoghal, agus tha gu leòr a-nise a' cur cho-labhairtean air dòigh aig ar taigh-tasgaidh fhèin. Ann an 2012 bha an Taigh-tasgaidh Nàiseanta na làrach dha co-labhairt Chomainn nan Taigh-tasgaidh, an cruinneachadh as mothà de luchd-obrach thraighean-tasgaidh Bhreatainn agus a' cho-labhairt ARTEFACTS a thug riochdairean nam priomh thraighean-tasgaidh saidheans is teicneòlais sa Leth-chruinne a Tuath uile còmhla.

Tha am prògram rannsachaidh againn, a dh'fhoillsich 110 foillseachaidhean acadaimigeach an 2012-13, a' sealltainn farsaingeachd, leudachd, agus neart ar cruinneachaidhean ann an co-theagaisg an t-saoghal mhòir. Tha tabhartas airgid trì-bliadhna bhon Chomhairle Rannsachaidh air an Árainneachd Nàdarra air an cothrom a thoirt dhuinn tuigse nas fheàrr fhaighinn air gnè agus cudrom phosailean a lorgadh sna

Criochan agus a cheannaich sinn le taic bho Mhaoin Dualchais a' Chrannchair Nàiseanta agus Urras Carthannach Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba. Tha ar com-pàirteachas le Companaidh Uisge-Bheatha Ghleann Mòr Innse a' cumail taic ri rannsachadh air linntean tràthà nam meadhan aoisean ann an Alba le toraidhean an rannsachaidh air am foillseachadh ann an leabhar an 2012, a fhuair moladh, agus air an taisbeanadh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba ann an 2013-14.

Chruthaich sinn còrr is 700 millean cothroman air leughadh, èisteachd no fhaicinn mu dheidhinn na tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba a' dèanamh, nan làraichean agus nan cruinneachaidhean againn, sna meadhanan ann an 2012-13. Am measg nam prìomh thachartasan bha am pròiseact com-pàirteachail le BBC *Scotland: Rome's Final Frontier* a chaidh a chraoladh air BBC a' Dhà agus a chaidh fhaicinn le 170,000 ann am Breatainn.

## Buidheachas

Tha sinn fada an comain nan daoine, urrasan, buidhnean carthannach is buidhnean priobhaideach a leanas airson na taice a tha iad air a thoirt do Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba thar na bliadhna.

PRÌOMH BHUIDHNEAN MAOINEACHAIDH  
Scottish Government  
The Heritage Lottery Fund

URRASAN AGUS BUIDHNEAN EILE  
The Art Fund  
Arts and Humanities Research Council  
Association for Roman Archaeology  
The Gordon and Ena Baxter Foundation  
The Binks Trust  
Bòrd na Gàidhlig  
British Academy/Leverhulme Trust  
Small Research Grant  
The Charitable Assets Trust  
The Clothworkers' Foundation  
Creative Scotland  
Edinburgh Decorative and Fine Arts Society  
The Esmée Fairbairn Foundation  
EventScotland  
Garfield Weston Foundation  
Historic Scotland  
The Margaret Murdoch Charitable Trust  
The Mickel Fund  
The Misses Barrie Charitable Trust  
Moray LEADER  
Museums Association – The Esmée Fairbairn Collections Fund  
Nancie Massey Charitable Trust  
National Museums Scotland Charitable Trust  
Natural Environment Research Council  
Nimar Charitable Trust  
The PCG Charitable Trust  
Players of People's Postcode Lottery  
Portrack Charitable Trust  
The Robertson Trust  
The Ronald Miller Foundation  
The Royal Society of Edinburgh (Scottish Government Arts and Humanities Workshops)  
Society of Antiquaries of London  
Society of Antiquaries of Scotland  
The Sumitomo Foundation  
Welsh Family Trust  
The Wolfson Foundation

DAOINE FA LETH IS DÌLEABAN  
The Late Ian J Fleming  
Sir Angus and Lady Grossart

The Dowager Duchess of Hamilton  
The Late Mary E Mackenzie  
The Late Professor Moira McGovern  
The Late May Nicol  
Alexander Porteous  
George and Moira Stewart

TAIC CHORPORRA  
*Goistidhean*  
Amati Global Investors Limited  
Baillie Gifford  
Balfour + Manson LLP  
Diageo  
The Glenmorangie Company Ltd  
The Royal Bank of Scotland Group  
*Buill Chorporra*  
Anderson Strathern  
Allander Print Ltd  
Artemis Investment Management LLP  
Brewin Dolphin Ltd  
Diageo  
The Miller Group Ltd

PÀTRANAN  
Alan and Karen Aitchison  
Geoffrey and Mary Ball  
Patricia Barclay  
Malcolm Bowie  
Francis and Terry Brewis  
Jennifer, Marchioness of Bute  
Lord Cameron of Lochbroom and Lady Cameron  
Corinne Cervetti and Adam Fowler  
Douglas and Majorie Connell  
Janice Dickson  
Sir David and Lady Edward  
Sir Gerald and Lady Elliot  
Mr Justice Angus Foster and Dr Fiona Foster  
Sir Charles and Lady Fraser  
James and Amanda Garden  
Gavin and Kate Gemmell  
Lord Gordon of Strathblane and Lady Gordon  
Ronald and Mirren Graham  
Lady Grant  
Alexander Gray  
Ivor Guild  
Rosemary Haggarty  
Donald Hardie  
J Douglas Home  
The Earl and Countess of Hopetoun  
Flora Hunter Barrie and Janey Lambie  
Roger Lindsay of Craighall

Duncan and Ellie Mackinnon  
Simon and Catriona Mackintosh  
Fenella Maclean  
Sir Hamish and Lady Macleod  
Alexander and Elizabeth McCall Smith  
Miller and Anne McLean  
Chris and Gill Masters  
Angus McLeod and Campbell Armour  
Professor Malcolm McLeod  
Sir Ronald and Lady Miller  
James and Iris Miller  
Marc Moens and Claire Grover  
Derek and Maureen Moss  
Malcolm and Muriel Murray  
Tom and Susan Murray  
Nicholas and Julia Parker  
Elisabeth Phimister  
Sir William and Lady Rebecca Purves  
Ian Rankin and Miranda Harvey  
Shirley Richardson  
Paul Roberts and Stephanie Donaldson  
The Earl and Countess of Rosebery  
Colin and Hilary Ross  
June Rutherford  
Barry and Helen Sealey  
Richard Simon  
Baroness Smith of Gilmorehill  
George and Moira Stewart  
Ian and Flora Sword  
Dr Mark Urquhart  
Professors Simon and Veronica van Heyningen  
Max Ward and Lady Sarah Ward  
Sheila Watt  
Elizabeth Whitelaw  
Graham Whyte and Sarah Whitley  
Lord and Lady Wilson of Tillyorn  
Eilidh Wiseman  
Bill Zachs and Martin Adam

URRAS AMEIRIGEANACH AIRSON TAIGHEAN-TASGAIDH NA H-ALBA  
Prudence E Carlson  
Howard and Ursula Dublin Foundation  
Ms Sally Ann Hagan  
James E Jewell  
James B Luke  
William C MacLeod  
The Negaunee Foundation  
Ellsworth G Stanton III

Agus taing mar an ceudna don fheadhainn nach robh airson an ainm aca fhoillseachadh

Ma tha thu ag iarraidh barrachd fiosrachaидh air na dòighean sa 's urrainn dhut a thighinn an sàs no taic a chumail ris an obair againn, cuir fios air an Sgioba Leasachaidh air 0131 247 4095 no [development@nms.ac.uk](mailto:development@nms.ac.uk)

## **URRASAIREAN**

Bruce Minto, Cathraiche  
An t-Àrd-ollamh Christopher Breward  
An Dr Iseabail Bhrus OBE  
Gòrdan Drummond  
Chris Fletcher  
An Dr Anna Gregor CBE  
Anndra Holmes  
Miller MacIIIeathain  
An t-Àrd-ollamh Walter Nimmo  
Seumas Troughton  
Iain Watt

*Eachdraidhean-beatha slàna aig www.nms.ac.uk*

## **SGIOBA RIAGHLAIDH**

An Dr Gòrdan Rintoul CBE, Stiùiriche  
Sìne NicGilleMhìcheil, Stiùiriche nan Cruinneachaidhean  
Rut Gill, Stiùiriche nam Prògraman Poblach  
Catriona Holden, Stiùiriche Chùisean a-Muigh  
Dàibhidh Spilsbury, Stiùiriche Ionmhais is Planaidh  
Fionnghal Stiùbhart, Stiùiriche Oighreachdan is Ghoireasan  
Sheilagh Stiùbhart, Ceannard nan Goireasan Daonna  
Peadar MacUilleim, Àrd-stiùiriche NMSE agus Stiùiriche Luchd-tadhail

Chìtheар ar n-Aithisg Bhliadhnailean is Cunntasan gu lèir aig [www.nms.ac.uk/aboutus](http://www.nms.ac.uk/aboutus)

Taigh-tasgaidh Nàiseanta Alba  
Sràid nan Seòmraichean  
Dùn Èideann EH1 1JF

0300 123 6789  
[info@nms.ac.uk](mailto:info@nms.ac.uk)  
[www.nms.ac.uk](http://www.nms.ac.uk)

Duilleag aghaidh agus gu h-àrd: Seud-ghlasaidh òir dealtrach bhon taisbeanadh *Mary, Queen of Scots*, Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba

Gheibhear am foillseachadh seo ann an sgrìobhadh mòr, am Braille agus air CD.